

Òran Na Maighdeann-mhara

The Mermaid's Song

*U bha is na hoireann u bha
U bha is na hoireann i
U bha is na hoireann u bha
'Sann le foill a meall thu mi*

A-mach air barr nan stuagh ri gaillinn
Fuachd is feannadh fad o tìr
Bha mo ghaol dhut daonnan fallain
Ged is maighdeann-mhara mi

séist ()*

Chan eil mo chadal-sa ach luaineach
Nuair bhios buaireas air an t-sid
Bha mi 'n raoir 'an Coire Bhreacain
Bidh mi 'nochd 'an Eilean Ì

séist

Seall is faic an grunn na fairge
Uamhan airgid 's òr gun dìth
Loinnearachd chan fhaca sùil e
Ann an cùirt no lùchairt rìgh

séist

- traditional scottish/traditionnel écossais D.P. -

(*) chorus